


Tabitha air bàta a' chanàil



Tony Langham • Lynne Willey

SANDBANK PR.
SANDBANK

Tabitha air bàta a' chanàil



An teacs a Tony Langham
Na dealbhan Lynne Willey
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Tabitha air bàta a' chanàil

Caibideil 1

'S e cat iongantach a bha ann an Tabitha. Bu toil leatha a bhith a' siubhal o àite gu àite. Bu toil leatha a bhith a' faicinn àiteachan ùra agus daoine ùra. Latha bha siud chaidh Tabitha air bòrd bàta mòr, gun fhios do dhuine, agus sheòl i gu ruige Amstardam.



2



3

Dh'fhalbh Tabitha cuairt agus chòrd e rithe a bhith a' faicinn nan canàlan. Latha bha siud bha Pòl na shuidhe ag iasgach ri taobh canàl. Bha e dìreach a' caitheamh na driamlaich dhan uisge nuair a thug e an aire dha Tabitha.

3

Bha i a' coiseachd ri oir a' chanàil nuair a
bha duine a' dol seachad air baidhsagal.
Seach gun robh an duine a' siubhal cho
luath, cha robh ùine aig Tabitha a dhol
às an rathad air.
Leum i gu aon taobh agus siud, nach ann
a thuit i dhan chanàl.



Bha siud eagalach! Cha robh snàmh
aice, agus thòisich i a' dol fodha.



Bha Pòl a' cumail a shùil air Tabitha agus leum e san spot chun an lìon-iasgaich aige.



Ruith e a-null gu Tabitha agus gu faiceallach thog e i às an uisge, bog fliuch.
“Ò, a thruaghain bhochd,” ars esan.
“Bheir mi dhachaigh thu.”



'S ann air bàta-canàil a bha Pòl a' fuireach.
Shreap e suas dhan bhàta le Tabitha ri uchd. Thiormaich a mhàthair i le searbhadair. An uair sin thug iad bainne dhi.
“Miau!” arsa Tabitha.
“Am faod i fuireach?” dh'fhaighnich Pòl.
“Uill, ma bhios i modhail,” fhreagair a mhàthair.



'S e Tabitha a bha air a dòigh
a' fuireach air a' bhàta còmhla ri Pòl,
a mhàthair agus athair. Bha iad
uabhasach math dhi.

'S e Pòl a bha ga biathadh a h-uile latha
agus uaireannan bhiodh e a' leigeil leatha
cadal air a leabaidh.



Gach turas a bha Pòl a' falbh air
a' bhaidhsagal bha Tabitha a' leum dhan
bhasgaid aige agus a' falbh còmhla ris.



Latha dhe na làithean sin thàinig
màthair Phòil dhachaigh on mhargaidh
le iasg mòr.

Chuir i an t-iasg air a' bhòrd agus
dh'fhalbh i a dh'iarraidh uisge. Le cho
math 's a bha fàileadh an èisg 's ann a
leum Tabitha suas air a' bhòrd agus
dh'ith i gu lèir e.

Nuair a thill màthair Phòil bha i
uabhasach mì-thoilichte.
“Dè tha thusa a’ dèanamh an sin?
Sin an dìnneir a bha gu bhith againne.
Mach à seo thu!
Mach, mach, agus na till!”
Chuir i Tabitha far a’ bhàta sa mhionaid.



’S ann glè bhrònach a bha Pòl nuair
a thàinig e dhachaigh às an sgoil agus
Tabitha air falbh.

“Thuirt mi riut mura biodh i modhail
nach fhaodadh i fuireach,” ars a
mhàthair.


Cha robh fios aig Pòl am faiceadh e
Tabitha gu bràth tuilleadh.

Caibideil 2

An dèidh dha Tabitha am bàta-canàil fhàgail, thòisich i a' siubhal mu chuairt Amstardam.

Bha mòran ann ri fhaicinn. Chunnaic i drochaidean, bàtaichean, seann taighean, agus tòrr mòr bhaidhsagalan.







Cha b' fhada gus an tàinig Tabitha gu sràid thrang.
Stad tram dìreach far an robh i. Bha i sgìth a' coiseachd agus 's ann a chaidh i air bòrd an tram.

Chaidh mòran dhaoine air an tram cuideachd.

“Nach seall sibh? Tha cat air an tram,” arsa nighean bheag. Thionndaidh an dràibhear agus dh'èigh e, “Mach às an tram agamsa! Chan fhaod cait a bhith an seo!”





Theich Tabitha far an tram agus ruith i a-steach do thogalach mòr. Bha e làn de sheann dhealbhan.

Bha mòran dhaoine an sin a' coimhead nan dealbhan, agus 's ann a thòisich Tabitha gan coimhead cuideachd. Bha dealbh àraidh ann de ghille beag.

Bha e glè choltach ri Pòl.

Thòisich Tabitha a' smaoinichadh air Pòl.

Saoil an robh e ga h-ionndrainn?

Smaoinich i gu rachadh i air ais chun a' bhàta ga fhaicinn.

Caibideil 3

Bha e anmoch nuair a ràinig Tabitha am bàta-canàil aig Pòl.



Bha Pòl agus a mhàthair agus athair san leabaidh.

Bha an doras dùinte agus 's ann a leum Tabitha gu mullach a' bhàta agus cha b' fhada gus an do thuit i na cadal.





Dhùisg Tabitha am meadhan na h-oidhche.
Dh'fhairich i fàileadh, agus chunnaic i toit.
'S ann o uinneig a' chidsin a bha e a' tighinn.
Thòisich Tabitha a' ruith sìos agus suas air
a' bhàta.
"Miau! Miau! Miau!" thuirt i, cho cruaidh
's a b' urrainn dhi.
Ach cha do dhùisg duine.

Mu dheireadh chunnaic Tabitha clag
faisg air doras.
Leum i suas agus ghlac i an ròpa.
Bhuail an clag. DING! DONG!
DING! DONG! Chùm Tabitha grèim
teann air an ròpa.
DING! DONG! DING! DONG!






Mu dheireadh dhùisg Pòl agus a mhàthair agus athair. Chunnaic iad Tabitha aig a' chlag agus chunnaic iad toit a' tighinn às a' chidsin.




“Greasaibh oirbh!” dh’èigh athair Phòil.
“Far a’ bhàta sibh sa mhionaid!”
Ghlac Pòl Tabitha na achlais agus leum e far a’ bhàta.

Cha b’ fhada gus an robh an t-sràid làn dhaoine, agus chuidich iad uile athair Phòil gus an teine a chur às le bucaidean uisge às a’ chanàl.
Bha an t-àite làn toit ach bha am bàta ceart gu leòr.
“S e an cat a dhùisg sinn,” arsa Pòl.
“S i gu dearbh,” ars a mhàthair.
“S e cat fìor ghlic a th’ innte.”






An ath latha thàinig tè on telebhisean a bhruidhinn ri Pòl agus a mhàthair agus athair. Bha i airson faighinn a-mach dè thachair. Dh'innis Pòl dhi mar a shàbhail Tabitha iad.



An oidhche ud bha Pòl agus a mhàthair agus athair a' coimhead nan naidheachdan air an telebhisean.


Bha cunntas ann mun teine.



“Seadh, a chait,” arsa Pòl. “Nis tha fios aig a h-uile duine cho glic 's a tha thu.”

Ach nuair a thionndaidh e mu chuairt, cha robh sgeul air Tabitha.

Aig a' cheart àm bha Tabitha
a' coiseachd sìos ri taobh a' chanàil.
Bha i airson falbh gu àite ùr.
Cha robh i a' fuireach fada an àite sam
bith oir 's e cat falbhain a bha innte.



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
IBADAN JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© Tony Langham 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2005

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004, 2003, 2002
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte
air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Tony Langham a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a chomharrachadh
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 604 X